



Na Lochlannaich – Lion-bheachdan airson Saidheans:

Aois: 5-7 bliadhna

A' cur rudan beò ann am buidhnean

Bhiodh na Lochlannaich a' malairt bian bho dhiofar mhamaalan mar feidh, madaidhean-allaidh agus sionnaich airson sioda. Tha sioda a' tighinn bho leòmain-shioda, a tha nam biastagan.

- ② An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a tha a' sealltainn cò ris a tha mamalan agus biastagan coltach? ② An smaoinich thu air seòrsachean eile de bheathaichean (me, damhain-allaidh)
- ② An urrainn dhut na seòrsachean eile a chur ann am buidhnean de bheathaichean a tha coltach ri cheile? ② An urrainn dhut a ràdh carson a chuir thu còmhla iad?

Beathachadh – ag ithe biadh ceart

Bhiodh na Lochlannaich ag ithe diofar rudan tron bhliadhna oir bidh lusan a' fàs aig diofar amannan sa bhliadhna. Mar eisimpleir 's ann direach as t-fhoghar a bhios mòran mheasan rim faighinn, ach gabhaidh glasraich ithe as t-earrach agus as t-samhradh cuideachd.

② An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn dè na biadan ùra a tha rim faighinn anns gach ràith? ② An urrainn dhuinn clàr-bidh fallain a dhèanamh airson cuirm shamhraidh?

Fuaimean agus cò às a tha iad a tighinn

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh còm-adharc bà – gus rabhadh a thoirt, mar 'Tha an dinnear deiseil!' no 'Tha nàimhdean a' toirt ionnsaigh! Bhiodh iad cuideachd a' déanamh ceòl le drumaichean de sheiche, fideagan cnàimhe agus innealan-ciùil eile.

- ② Faodaidh sinn fuaimean a dhèanamh le innealan-ciùil. Dè eile as urrainn dhuinn a cleachdadh gus fuaimean a dhèanamh? ② An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh le diofar dhòighean san dèan sinn fuaim, me, a' bualadh, no a' seideadh? ② Dè na rudan a tha a' déanamh nam fuaimean as mothà agus as lughá?

Deasaichte le:



Millgate House Education

Àrainnean agus an àrainneachd

Bhiodh na Lochlannaich a' malairt bian bho fhéidh, madaidhean-allaidh agus sionnaich ri daoine sna Dùthchannan Meadhan-thireach airson sioda agus nithean eile. Bidh beathaichean mar feidh beò fada gu tuath agus anns an Artaig.

- ② An urrainn dhuinn faighinn a-mach cò ris a tha an àrainneachd san Artaig coltach an coimeas ris na Meadhan-thirean? ② Saoil carson a tha bian nas tighe agus nas buige air beathaichean san Artaig na tha e air beathaichean sna Meadhan-thirean? ② An smaoinich thu air diofaran eile eadar beathaichean san Artaig agus sna Meadhan-thirean?

Atharraichean ann an stuthan

Bhiodh gobha Lochlannach a' déanamh rudan à iarrann. Tha iarrann a' töiseachadh na chloich a tha air a leaghadh le teine. An uair sin, tha an t-iarrann air a bhualadh le òrd gus rudan a dhèanamh, mar eisimpleir, crudhaeich, sgian no tuagh.

- ② Faodaidh sinn òrd a cleachdadh gus cruth cuid de stuthan cruaidh atharrachadh. Chan atharraich stuthan eile an cruth; bidh iad direach a' dol nam bloighean. An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a tha a' sealltainn dè tha a' tachairt nuair a bhuailies sinn diofar stuthan le òrd? ② An smaoinich thu air dòighean eile air cruth stuth atharrachadh, a bharrachd air a bhith ga bhualadh le òrd?

Ag aithneachadh stuthan àbhaisteach agus gan cur ann am buidhnean

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh diofar stuthan gus rudan a dhèanamh, me, birlinnean à fiodh, buirn-airgid à airgead, cupannan à adharc, buill-airm agus deiseachan-airm à iarrann, stuth-aodaich agus aodach à clòimh agus lion (anart).

- ② An urrainn dhuinn stuthan eile a lorg a bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh 's a tha sinn fhathast a' cleachdadh an-diugh? ② A bheil na stuthan sin gan cleachdadh airson na h-aon rudan a dhèanamh an-diugh no rudan diofraichte?

A' déanamh sgaradh eadar nì agus an stuth às a bheil e air a dhèanamh

Bha fios aig na Lochlannaich dè na stuthan a b' fheàrr airson diofar rudan a dhèanamh: bha bàtaichean air an déanamh à fiodh oir bidh fiodh a' seòladh; claidheamhan à iarrann leis gu bheil e cruaidh agus gabhaidh a gheurachadh; aodach à clòimh leis gu bheil i blàth.

- ② An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh de nithean àbhaisteach a cleachd na Lochlannaich agus faighinn a-mach cò às a bha iad air an déanamh? ② An urrainn dhuinn coimeas a dhèanamh eadar stuthan a cleachd na Lochlannaich agus stuthan a bhios sinn a' cleachdadh an-diugh gus rudan a dhèanamh?



Air a sgriobhadh le Terry Harvey-Chadwick, SV Educational Services
A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

BITH-EÒLAS

FIOSAIGS

Putadh agus tarraing

Nuair a bhiodh Lochlannaich a' siubhal tarsainn a' chuain ann am birlinn, bhiodh a' ghaoth a' lionadh an t-siùil agus a' putadh a' bhàta. Mura biodh gaoth ann, bhiodh na Lochlannaich a' tarraing air ràimh gus am bàta a għluasad.

- ② Dè na nithean eile as urrainn dhuinn a għluasad le putadh agus tarraing? ② Bidh putadh agus tarraing a' toirt air rudan għluasad. Dè eile as urrainn putadh agus tarraing a dhèanamh?

CEIMIGEACHD

Atharrachadh ràitheil

Fada tuath ann an Nirribhidh, os cionn Cearcall na h-Artaig, tha e an-còmhaidh soilleir (latha) as t-samhradh agus tha e an-còmhnaidh dorcha (oidhche) sa għemhradh. San Danmhairg, tha na ràithean nas coltaiche ri Breatainn, le oidhcheannek fada sa għemhradh agus lathaichean fada as t-samhradh.

- ② Ciamar a tha an t-side ann am Breatainn diofraichte as t-samhradh agus sa għemhradh? ② Saoil cò ris a bhios an t-side coltach sa għemhradh ann an ceann a tuath Nirribhidh? ② Bhiodh na Lochlannaich a' siubhal cho fada ris a' Mhuij Mheadhan-thireach. Saoil dè na diofaran a bhiodh san t-side nuair a bhiodh iad a' siubhal gu deas?



ROYAL SOCIETY
OF CHEMISTRY



Na Lochlannaich – Lion-bheachdan airson Saidheans

Aois: 7–9 bliadhna

Suidheachadh airson lusan fhàs

Tha e nas duilghe bàrr fhàs ann an Lochlann leis gu bheil e nas fhuaire an sir. B' e aon adhrbhar gun tāinig na Lochlannaich a Bhreatainn, gun robh e na b' phasa biadh fhàs an seo.

② An urrainn dhuinn faighinn a-mach cait a bheil biadh àbhaisteach a tha sinn ag ithe an-diugh air fhàs (me, liomaidean, plumsaisean, eòra, buntàta)? ② An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn an gabh lusan fhàs ann an àite fuar mar Nirribhidh no direach ann an àite blàth mar na Meadhan-thirean? ② Dè eile a tha a dhith air lusan airson fàs?

Eacarsaich agus dòigh-beatha fhallain

Bha na Lochlannaich nam maraicheadh math agus bhiodh iad tric ag iomradh nam birlinnean aca suas aibhnichean agus tar-sainn air a' mhuir. Bha iad measail cuideachd air spòrs agus air deuchainnean togail chreagan troma agus tilgeil shleaghan.

② Ciamar a bhios eacarsaich a' toirt buaidh air buille-cridhe agus reat analachaich? ② Carson a tha eacarsaich a' toirt buaidh orra? ② Dè eile bhios a' tacairt dhad bhodhaig nuair a bhios tu ag eacarsaich? ② Ciamar a mhiniiceadh tu dè th' ann am buille-cuisle do chuideigin aig nach robh fios air sin?

Solas air a tilgeil air ais bho uachdar

Bha na Lochlannaich math air seudraidh òir, airgid agus umha a dhèanamh. Nuair a thèid na meataltean sin a liomadh, bidh iad gleansach; bidh iad cho gleansach 's gu bheil iad mar sgàthan.

② Nuair a tha sinn a' coimhead ann an sgàthan, dè direach a tha sinn a' faicinn? ② Dè na stuthan eile a tha math airson sgàthan a dhèanamh? ② Uaireannan, cha bhi an iomhaigh ann an sgàthan meatalt ro mhath, gu h-àraidh ma tha lag san sgàthan. Saoil carson a tha seo?

Deasaichte le:



Millgate House Education

Obair a' chnàimhnich

Bhiodh laoch Lochlannach a' trèanadh airson a' chath. San trèanadh, bhiodh iad a' fàs eòlach air sabaid le màilleach agus uidheam dion eile orra.

② Tha màilleach coltach ri cnàimhneach cuid de bheathaichean. Dè na beathaichean aig a bheil cnàimhneach air taobh a-muigh na bodhaig? ② Chan eil cnàimhneach cnàmhach aig a h-uile beathaich. An urrainn dhuinn faighinn a-mach dè na seòrsaichean eile a tha aig cuid de bheathaichean? ② Tha do chnàimhneach fhèin a' cur dion air buill-bodhaig na do bhròinn. Dè na pàritean den chnàimhneach a tha a' cur dion air buill nad bodhaig?

Atharraichean ann an stuthan

Bha na Lochlannaich beò ann an saoghal a bha a' sior atharrachadh. Sa gheamhradh bha e fuar le sneachd agus deigh air an talamh; as t-samhradh bha e gu math na bu bhlàithe agus bha an talamh gorm fo lusan. Dh'fhaodadh na h-atharraichean sin buaidh a thoirt air mar a bha na Lochlannaich beò.

② Smaoinich air dòigh leis an tomhais thu dè cho cruaidh 's a tha im. Ciamar a tha an cruadas ag atharrachadh mar a tha an teòthach ag atharrachadh? ② Ciamar a tha e diofraichte a bhith a' tiormachadh nigheadaireachd sa gheamhradh agus as t-samhradh?

A' sgaradh stuthan co-mheasgaichte

An-diugh bidh inneal-fogharaidh a' buain coirce agus a' sgaradh an t-sil bhon chonrlaich agus bhon mholl. Aig àm nan Lochlannaich bha seo air a dhèanamh air làimh, a' cleachdadh sùist. Canaigh sinn bualadh ris an obair seo. Tha a' chonnlach na piosan fada, agus tha am moll agus an siol nam piosan beaga. Tha am moll gu math nas aotruime na an siol.

② An urrainn dhuinn measgachadh sa bheil trì stuthan a sgaradh bho chéile, coltach ri bualadh? 'S e aon phàirt piosan mòra (mar a' chonnlach); pàirt eile, piosan beaga aotrom (mar am moll); agus an treas pàirt, piosan beaga troma (mar an siol). Nuair a tha na piosan mòra air an sgaradh agaibh, feumaidh sibh smaoineachadh air dòigh eile gus na piosan beaga a sgaradh.

A' dèanamh coimeas eadar creagan 's gan cur ann am buidhnean

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh chreagan airson buill-airm a gheurachadh, airson gràn a bhleith na mhìnhfhlùr, agus airson craiceann cruaidh no fiadh garbh a sgriobadh gus an dèanamh réidh.

② Saoil carson a tha creagan math airson geurachadh, bleith agus sgriobadh? ② An urrainn dhuinn diofar chreagan a thaghadh agus fheuchainn, agus an cur ann am buidhnean a tha freagarrach airson gach obair?



Air a sgriobadh le Terry Harvey-Chadwick, SV Educational Services
A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig



BITH-EÒLAS

LOCHLANNACH

CEIMIGEACHD

FIOSAIGS

Solas agus sgàilean

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh diosg beag fioldha airson sgàil a thomhas. Bhiodh fios aca an uair sin air an t-slighe cheart nuair a bhiodh iad a' siubhal. Bha an uidheam seo car coltach ri uaireadair-gréine: bhiodh iad a' cleachdadh sgàil airson gum biodh fios aca dè an taobh a bha iad a' siubhal, ach cha robh seo ag obrachadh ach air lathaichean grianach. ② Dè na stuthan a bhios a' tilgeil sgàil mhath? ② An urrainn dhuinn sgàilean a chleachdadh airson dad a bharrachd air an uair no an àirdre obrachadh a-mach?

An Talamh, A' Ghrian agus A' Ghealach

Bha na Lochlannaich a' siubhal astaran mòra air a' mhuir. Cha robh fios aca gur e cruinne a tha san Talamh, ach cha robh an t-eagal orra gun tuiteadh iad far na h-oir. Bha iad cuideachd a' smaoineachadh gun robh a' ghrian agus a' ghealach nan carbadan air an tarraing le eich, a bhiodh a' leantainn a chéile tro na speuran mun Talamh.

② Bha na Lochlannaich a' smaoineachadh gun robh tirean na Talmhaian air an cuartachadh le muir mhòr. Dè na tha de thir agus de mhuir air an Talamh? ② An robh na Lochlannaich ceart? ② Tha fios againn a-nis nach eil an Talamh, a' ghrian agus a' ghealach an aon mheud. An urrainn dhuinn modailean-sgèile a dhèanamh den Talamh, den Ghèrin agus den Ghealaich?



ROYAL SOCIETY
OF CHEMISTRY



Na Lochlannaich – Lion-bheachdan airson Saidheans

Aois: 9–11 bliadhna

Buaidh mhath micro-fhàs-bheairtean

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh micro-fhàs-bheairtean gus diofar sheòrsaicichean biadh a dhèanamh, mar *Skyr* (seòrsa de iogart), leann agus meadh (deoch air a dhèanamh à mil air a brachadh agus uisge).

② An urrainn dhuinn faighinn a-mach dè na biadhan agus na deochan a tha air an dèanamh le micro-fhàs-bheairtean an-diugh? ② A bheil na micro-fhàs-bheairtean leis an déan sinn biadh diofraichte bho fheadhainn a bhios a' milleadh biadh?

Cuairt-beatha bheathaichean agus lusan

Bhiodh na Lochlannaich a' cur diofar sheòrsaicichean gràin agus lusan airson biadh. Bhiodh mòran bheathaichean aca mar mucan, caoraich, gobhair, eich, geòidh agus cearcan. Bhiodh iad cuideachd a' sealg agus ag iasgach airson biadh.

② An urrainn dhut cunntas a thoirt air cuairt-beatha bàrr agus bheathaichean a tha air an àrach? ② An urrainn dhut cunntas a thoirt air an diofar eadar cuairt-beatha mhamalan (me, mucan agus caoraich) agus cuairt-beatha eòin (me, cearcan)?

② Dè a' chuaireadh aig iasg? ② A bheil cuairt-beatha coltach ri seo aig bheathaichean sam bith eile?

Fuaim: Pitse agus àirde fuaim

Bha ionnsramaidean bualaidh, teudach agus sèididh aig luchd-ciùil Lochlannaich. B' e inneal-ciùil teudach coltach ri giotar a bha sa chruit Lochlannaich, ach gu math nas sàmhacle.

② An urrainn dhuinn faighinn a-mach dè tha a' fágail fuaim nas mothà aig giotar na aig cruit? Ciamar a bhios am pitse ag atharrachadh nuair a tha na tuill ann an reacòrdair air an còmhachd's air an nochdadh? Carson? ② Ciamar as urrainn dhuinn pitse agus àirde druma atharrachadh?

Deasaichte le:



Millgate House Education

Mean-fhàs

Bha daoine aig àm nan Lochlannach a' creidsinn gun robh cumhachdan slànnachaidh aig cuid a chreagan agus a dh'fhsailean. Bhiodh iad tric a' cleachdadh fhsailean – amonaitean no beleamnaitean, mar eisimpleir, gibearnaich bhon àm Chreatceous – mar nithean seunta airson dion.

② An urrainn dhuinn faighinn a-mach ciamar a chaidh fosailean a dhèanamh? ② An urrainn dhuinn làrach slige a dhèanamh agus a chleachdadh gus fosail a dhèanamh à plèastar. ② Dè as urrainn dhuinn fhaighinn a-mach mu atharrachean a thachair ann am beathaichean bho na h-amannan Diurasaig agus Cretaceous?

BITH-EÒLAS



CEIMIGEACHD

Staid ag atharrachadh

Ann an Lochlainn bha na geomhraidhean cho fuar 's gum biodh uachdar nan aibhnichean agus nan lochan a' reothadh. Ged a bhiodh an tir reòite, dh'fhaodadh na Lochlannaich siubhal astaran goirid aig muir nam biodh an t-side math.

② Faigh a-mach carson nach bi sàl a' reothadh aig an aon teòthachd 's a bhios fior-uisge. Ciamar a tha a bhith a' cur tomhasan diofraichte de shalann ann an uisge ag atharrachadh an teòthachd aig am bi an t-uisge a' reothadh? ② Saol ciamar a dh'fhaodadh seo a bhith feumail gus sràidean a chumail gun deigh sa gheamhradh? ② Dè na stuthan eile a bhios ag atharrachadh an staid nuair a thèid an teasachadh no am fuarachadh?

FIOSAIGS

Forsaichean cothromaitche

Bu toigh leis na Lochlannaich geommanan san robh neart agus sgil, mar eisimpleir, a' togail rудan troma no cath-tharraing. ② Nuair a tha an dá sgioba ann an cath-tarraing a' slaodadh air an ròpa leis an aon neart, biadh iad a' fuireach far a bheil iad: canaидh sinn gu bheil na forsaichean cothromaitche. Dè thachras nuair a dh'fhàsas na forsaichean neo-chothromaitche? ② An urrainn dhut cunntas a thoirt, le forsichean cothromaitche agus neo-chothromaitche, air mar a bhiodh Lochlannaich a' togail loga trom agus ga chumail rèidh os a chionn?

Forsaichean suathaidh

Bha birlinnean Lochlannach fada, cumhang agus cha robh iad ro dhomhainn san uisge. B' iad na bàtaichean a bu luaithe a bha ann aig an àm. Nam biodh na Lochlannaich ag iomradh suas abhainn 's gun ruigeadh iad pios nach robh domhainn gu leòr no a bha cho cumhang 's nach b' urrainn dhaibh iomradh, thogadh iad am bàta às an uisge agus shlaodadh iad e tarsainn na tir gus an ruigeadh iad pios sam b' urrainn dhaibh iomradh.

② An urrainn dhuinn modail a dhèanamh gus cruthan bhàtaichean a rannsachadh, agus na cruthan as fheàrr air seòladh san uisge a lorg? ② An urrainn dhuinn rannsachadh dè na h-uachdar an as fheàrr air an gabh rúdan a shlaodadh? ② Ciamar a tha cuideam rud a' toirt buaidh air cho furasta no cho doirbh 's a tha e a shlaodadh tarsainn air uachdar? ② Dè na forsaichean a tha ag obair sna suidheachaidhean seo?

Atharrachean nach gabh tilleadh

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh ceimigeachd ann an diofar dhòighean, eadar a' dèanamh aran agus a' losgadh bhailean Sagsanach gu lär. Sin eisimpleirean de atharrachean nach gabh tilleadh: nuair a tha an t-aran air a bhruch chan fhaigh thu a' mhìn-fhlùir air ais; feumaidh tu baile a tha air a sgrios le teine a thogail às ùr.

② Dè na h-eisimpleirean eile de atharrachadh nach gabh cur air ais a lorgas tu aig an taigh no san sgoil? Rinn na Lochlannaich glaodh à bainne. ② An urrainn dhuinn faighinn a-mach ciamar a rinn iad seo, agus dè cho math 's a tha ruadan a' steigil leis?

Atharrachean a ghabhas agus nach gabh tilleadh

Aig àm nan Lochlannach bhiodh badain san robh riagh air pàistean airson an cumail tioram. Tha criostalan de polymeran fior shùighteach ann am badain an-diugh.

② Dè an seòrsa badain as fheàrr a tha a' sùghadh uisge an-diugh? ② An smaoinin thu air adhbharan airson nan diofaran eadar seòrsaicichean? ② Dè na stuthan eile as urrainn uisge a shùghadh? Dè an stuth as fheàrr? ② Nuair a tha na criostalan polymer air an t-uisge a shùghadh, a bheil dòigh air an t-uisge fhaighinn air ais?



Air a sgriobhadh le Terry Harvey-Chadwick, SV Educational Services
A' Ghàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig



ROYAL SOCIETY
OF CHEMISTRY